



Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail

Litir-naidheachd

An Dàmhair 2017



Deitichean Cudromach

<i>2na - 6mh Dàmhair:</i>	Seachdain Eco/Leabhar Aithris-Ionnsachaidh
<i>Dihaoine 6mh Dàmhair:</i>	Feasgar Eco – 2f & 2.30f
<i>Dimàirt 10mh Dàmhair:</i>	Latha Fosgailte C1, 9.30m & 1.30f
<i>Diardaoin 12mh Dàmhair:</i>	Tha Tàlant aig Gleann Dail! sa mhadainn. Bùthan-obrach Eowyn Crisfield, 1.30-3f & 6.30-8f
<i>Dihaoine 13mh Dàmhair:</i>	Sgoil dùinte airson sgoilearan. In-sheirbheis airson luchd-obrach
<i>Diluain 23mh Dàmhair:</i>	Sgoil fosgailte airson luchd-obrach agus sgoilearan
<i>Dihaoine 27mh Dàmhair:</i>	Caismeachd Oidhche Shamhna sa mhadainn agus Pantomime, 'Sleeping Beauty' aig 1.30f

Latha Fosgailte C1

Air Dimàirt 10mh Dàmhair tha sinn a' cumail latha fosgailte airson pàrantan C1 ri teachd aig 9.30m agus a-rithist aig 1.30f. Ma tha sibh eòlach air duine sam bith aig a bheil ùidh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig le pàiste a tha gu bhith a' tòiseachadh anns an sgoil ann an Lùnastal 2018, thoir dhaibh am fiosrachadh seo. Tha sinn air an deit agus na h-àmannan a thoirt dha na Sgoiltean Àraich mu thràth.

Eowyn Crisfield

Tha sinn toilichte gu bheil Eowyn Crisfield, eòlaiche air foghlam dà-chànanach, a' dèanamh bùthan-obrach airson pàrantan air Diardaoin 12mh Dàmhair aig 1.30-3f agus a-rithist aig 6.30-8f. Tha sinn an dòchas gum bi cothrom agaibh thighinn ann oir bidh Eowyn a' toirt seachad comhairle agus fiosrachadh air ciamar as urrainn do phàrantan taic a thoirt don chloinn a tha ann am foghlam bogadh. Chaidh litir a-mach air ParentMail an t-seachdain seo a tha a' toirt cothrom dhuibh bùth-obrach a thaghadh.

Bùth-obrach Dràma agus Panto

Tha sinn a' coimhead air adhart ri Fèisean nan Gàidheal a bhith a' tadhail oirnn air Diluain 9mh Dàmhair le bùth-obrach dràma mun Phrionnsa Teàrlach airson clann ann an C4-7. Cuideachd, air Dihaoine 27mh Dàmhair bidh pantomime againn san sgoil agus 's e Sleeping Beauty a th'ann am bliadhna. Thig litir a-mach air ParentMail le tuilleadh fhiosrachaidh a dh'aithghearr.

Oidhche Shamhna

Aig a' chruinneachadh Gàidhlig againn air Dihaoine 27mh Dàmhair bidh caismeachd againn airson Oidhche Shamhna far am faodar a' chlann aodach oidhche shamhna a chuir orra agus tha duaisean ri fhaotainn airson sgoilearan bho gach clas! 'S ann dìreach airson na sgoilearan a tha an cruinneachadh seo.

Caraidean Leughaidh

Tha sinn cho fortanach gu bheil sinn air ceathrar le Gàidhlig, a tha 'fuireach sa choimhearsnachd againn, fhaighinn airson leughadh a dhèanamh còmhla ri cuid de na sgoilearan againn airson 30 mionaidean dà uair san t-seachdain. 'S e pàirt den iomairt 'Scotland Reads' a tha seo a tha a' toirt air chlann a bhith a' leughadh gu neo-eisimeileach, a' toirt adhartas air fèin-mheas agus a tha a' toirt orra a bhith a' leughadh le tuigse agus airson toileachas. Gheibh pàrantan/luchd-cùraim fios ma tha na caraidean leughaidh gu bhith ag obair leis a' chlann aca.

Clubaichean às dèidh na sgoile agus aig àm dìnnear

Tòisichidh clubaichean às dèidh na sgoile agus àm dìnnear air a' mhìos seo. Tha Miss Moyes a' dèanamh club ciùil airson C6-7 aig àm dìnnear agus bidh Miss Brown a' dèanamh club ealain às dèidh na sgoile airson C2 gu C4. Cuideachd tha na clubaichean aig Active Schools a' tòiseachadh. Cùmaibh sùil a-mach airson na litrichean cead air ParentMail!

C1-3: Geamannan Spòrsail (Àm Dìnnear)

C2-4: Club Ealain (Às dèidh na sgoile)

C4-7: Cheerleading (Às dèidh na sgoile)

C6-7: Club Ciùil (Am Dìnnear)

C6-7: Badminton (Às dèidh na sgoile)

Tha gach clas cuideachd a' gabhail pàirt san iomairt 'mileathon' tro na leasan spòrs aca ach cuideachd tha sinn a' dèanamh e trom club àm dìnnear aon uair san t-seachdain ach a tha sgapte air feadh na bliadhna airson gach clas.

Tha ball-coise air tòiseachadh a-rithist agus tha seo a' ruith dà uair san t-seachdain. Bu mhath leam taing a thoirt do Stephen agus Mark airson seo a chuir air dòigh agus cuideachd do na pàrantan eile a tha a' toirt taic dhaibh. Cuimhnichibh gum bu chòir do na sgoilearan a bhith air an leigeil dheth agus an togail bhon pitch, agus 's ann tron gheata air Sràid MhicCullaich a gheibh sibh ann.

Eòlas-obrach

Bidh sinn a' cur fàilte air Euan Matheson, a tha anns a' cheathramh bliadhna ann an Ard Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, airson eòlas-obrach anns an sgoil eadar Diluain 9mh agus Diardaoin 12mh Dàmhair.

Cuimhnichibh gum bi Miss MacKay san oifis a' gabhail fois eadar 11-11.15m agus 1-1.30f 's mar sin 's dòcha nach bi duine anns an oifis airson a' freagairt am fòn. Cuideachd feumaidh sibh fios a chuir gu 'Pupil Absence Line' air 0141 287 0039 ma tha sgoilearan dheth. Ma tha ceistean sam bith agaibh mu càil anns an litir-naidheachd seo no mu rud sam bith eile, faodaidh sibh fòn a chuir dhan oifis, bruidhinn ri tidsear do phàiste no cuir post-dealain thugainn.

Mòran Taing

Mrs Donna Bowman (Ceannard eadar-amail/Acting Head Teacher)



Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail

Newsletter

October 2017



Important Dates

2 nd – 6 th October:	Eco Week/Snapshot Jotter Week
Friday 6 th October:	Eco Showcase Afternoon 2pm & 2.30pm
Tuesday 10 th October:	P1 Open Day, 9.30am & 1.30pm
Thursday 12 th October:	Whole Campus Talent Show am. Eowyn Crisfield Parent Workshops 1.30-3pm & 6.30-8pm
Friday 13 th October:	School closed to pupils. In-service for staff
Monday 23 rd October:	School reopens to staff and pupils
Friday 27 th October:	Halloween Parade (am) and 'Sleeping Beauty' panto at 1.30pm

P1 Open Day

We are holding an Open Day on Tuesday 10th October for prospective P1 parents at 9.30am and then again at 1.30pm. If you know of anyone who may be interested in attending then please pass this information on. This information has already been shared with nurseries.

Eowyn Crisfield

As intimated previously, we are delighted that on Thursday 12th October we will be welcoming Eowyn Crisfield-Burr, an education expert in parent and teacher education for bilingualism, to the school to deliver workshops for parents. She will run two parent workshops, one during the school day from 1.30pm – 3pm and another in the evening from 6.30 – 8pm. We hope to see as many of you attending as possible as she will be able to provide guidance and advice to parents on how best to support children in an immersion education. A ParentMail form has been issued to allow parents to sign up for a workshop.

Drama Workshop and Pantomime

We are looking forward to having Fèisean na Gàidheal visit us on Monday 9th October with their Gaelic drama workshop on Bonnie Prince Charlie. This workshop is for pupils in P4-7. Also, on Friday 27th October we will be welcoming a theatre group to the school to perform their pantomime 'Sleeping Beauty' for the whole campus. A letter will be issued in due course with further information on the panto.

Halloween Parade

At our Gaelic assembly on Friday 27th October we will be hosting our annual Halloween Parade. Children are encouraged to dress up and prizes are available to the best dressed from each class! We will send a reminder out nearer the time.

Reading Partners

I am pleased to inform you that we have secured the services of four Gaelic speaking volunteers who are going to be visiting the school twice a week to read with children for 30 minutes after the October holidays. This is part of the Scotland Reads initiative which encourages children to read independently, heightens their self-esteem and enables them to read with understanding and for pleasure. Parents/carers will be notified if any of the volunteers are to read with your child.

After School and Lunchtime Clubs

Our programme of After School and Lunchtime clubs will begin this month. Miss Moyes is running a music lunchtime clubs for pupils in P6-7 and Miss Brown is running an arts and crafts after school club for C2-C4 pupils. We also have a range of clubs, organised by Active Schools, commencing shortly and letters will be issued in due course for any after school clubs.

C1-3: Fun Games (Lunchtime)

C2-4: Arts & Crafts (After School)

C4-7: Cheerleading (After School)

C6-7: Music Club (Lunchtime)

C6-7: Badminton (After School)

All classes are participating in the mileathon initiative during their PE time and we are also introducing this as a lunchtime club once a week but staggered throughout the year for all classes.

Football club has also started again and is running twice weekly, due to demand. I'd like to thank Stephen and Mark for organising this and for all the other parents who are volunteering their time to help out. Can I please remind parents that children should be dropped off and collected at the pitch, which can be accessed through the McCulloch Street entrance.

Work Experience

We look forward to welcoming Euan Matheson, a 4th Year Pupil at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, to the school on Work Experience from Monday 9th October until Thursday 12th October.

Please remember that Miss MacKay in the office takes her breaks at 11-11.15am and 1-1.30pm. We ask that parents kindly avoid phoning during these times as there may not be anybody available to answer the phone.

All absences should be reported to the absence line on 0141 287 0039 **NOT** to the school office.

If you have any questions about the content of this newsletter or any other matters please phone the school, speak to your child's teacher or email.

Mòran Taing

Mrs Donna Bowman (Ceannard eadar-amail/Acting Head Teacher)

headteacher@glendalegaelic-pri.glasgow.sch.uk